

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Clach an Fhithich (3)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 1,075. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 771 corresponds to Litir 1,075.*

Bha mi ag aithris na sgeulachd *Clach an Fhithich*. Dh’inns athair Iain Bhàin dha mu dhraoidheachd na cloiche. Lorg iad nead fithich air creag. Ghoid iad na h-uighean bhon nead. Rinn iad teine le fraoch tioram, agus ghoil iad na h-uighean. Dh’fhuirich iad ann an sealladh an nid fad an t-siubhail. Thill na fithich. Bha fios aca gun robh na h-uighean millte, agus dh’fhalbh iad a-rithist.

An dèidh trì latha, thill na fithich. Bha clach bheag – èiteag – aig a’ choileach. Shuath e na h-uighean leis a’ chloich. Nuair a bha iad a-mach às an nead a-rithist, chaidh Iain ann. Thog e a’ chlach agus thug e leis i. Nuair a bha e air ais air talamh rèidh, dh’fheuch e draoidheachd na cloiche. Chuir e na bheul i, agus chaidh e à fianais. Bha e do-fhaicsinneach. Nuair a chuir e a’ chlach na phòcaid bha e faicsinneach a-rithist.

Bha fios aig dìreach ceathrar gun robh Clach an Fhithich aig Iain. B’ iad sin Iain, athair, a phiuthar, Màiri, agus a bhràthair-chèile, Calum. Dh’aontaich iad an gnothach a chumail dìomhair oir bha a’ chlach cho cumhachdach. ‘Bhiodh e math a’ chlach a bhith aig duine air blàr-catha,’ thuirt Iain. ‘Dh’fhaodadh e sgrios a dhèanamh air a nàimhdean, agus cha bhiodh fios aca gun robh e ann.’

‘Ist,’ thuirt athair. ‘**Chan fhaodar** a’ chlach a chur gu feum le droch rùn. ’S ann airson deagh rudan a-mhàin a dh’fheumas tu a cur gu feum. Am fear a chleachdas i airson droch-dhiol no ainneart, bidh e a’ fulang gu dubh.’

Dh’fhalbh Iain a-null a Dhùn Neachdain agus chuir e Clach an Fhithich na bheul. Chan fhaca duine e nuair a chaidh e a-steach a dh’ubhal-ghort ri taobh a’ chaisteil. Chunnaic Iain Eilidh agus a h-antaidh, a’ Bhean-usal Nic an Tòisich. Bha dà chù mhòr aca. Bha na coin a’ gabhail dragh oir bha iad a’ faighinn fàileadh de shrainnsear. Ach bha Iain do-fhaicsinneach.

Mu dheireadh, dh’fhalbh a’ Bhean-usal a-steach leis na coin. Bha Eilidh leatha fhèin. Chaidh Iain air cùl craoibhe, agus chuir e a’ chlach air ais na phòcaid. Sheas e a-mach bhon chraoibh agus ghabh Eilidh iongnadh. Cha robh fios aice gun robh e air a bhith do-fhaicsinneach mionaid roimhe. ‘Iain, a ghràidh!’ thuirt i. ‘Dè fon ghrèin?!’ Bha i **cho sona ris an rìgh** a leannan fhaicinn.

‘Tha m’ athair air dearbhadh gun dìon e thu ma thig thu a dh’fhuireach againn,’ thuirt Iain. Bha Eilidh gu math mì-thoilichte ann an Dùn Neachdain, agus dh’aontaich i teicheadh còmhla ri Iain. Chaidh iad tarsainn na h-aibhne aig an àth, agus ràinig iad Baile na Creige aig àm dol-fodha na grèine.

Bha dragh air a h-uile duine an sin nach robh an gobha, Donnchadh na Dà Òrdaig, air tilleadh dhachaigh an dèidh dha a bhith ann an Dùn Neachdain. ‘Dè thachair dha?’ dh’fhaighnich iad.

‘Chaidh a mhurt,’ thuirt Eilidh.

‘Carson?’ dh’fhaighnich athair Iain.

‘Chaidh a lorg, agus e a’ libhrigeadh litir dhomh bho Iain,’ thuirt Eilidh.

‘Tha sin uabhasach,’ ars am bodach. ‘Pàighidh a’ Bhean-uasal Nic an Tòisich airson sin.’

‘Chan e m’ antaidh a dh’òrdaich a bhàs,’ thuirt Eilidh, ‘ach am freiceadan. Ach, innsidh mi seo dhuibh – chan fhada gus an nochd i fhèin is feachd armaichte an seo airson mo thoirt dhachaigh.’

Agus bheir mi an stòiridh gu crìch an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Clach an Fhithich: *The Raven’s Stone*; nead fithich: *a raven’s nest*; ghoil: *boiled*; èiteag: *small white pebble*; do-fhaicsinneach: *invisible*; blàr-catha: *battlefield*; Donnchadh na Dà Òrdaig: *Duncan of the Two Thumbs*; freiceadan: *watchman, sentry*.

**Abairtean na Litreach:** Dh’inns athair Iain Bhàin dha mu dhraoidheachd na cloiche: *Fair John’s father told him about the stone’s magic*; ghoid iad na h-uighean: *they stole the eggs*; dh’fhuirich iad ann an sealladh an nid fad an t-siubhail: *they remained in view of the nest the whole time*; shuath e na h-uighean leis a’ chloich: *it rubbed the eggs with the stone*; nuair a bha e air ais air talamh rèidh, dh’fheuch e draoidheachd na cloiche: *when he was back on level land, he tried out the stone’s magic*; chaidh e à fianais: *he disappeared*; dh’aontaich iad an gnothach a chumail dìomhair: *they agreed to keep the matter secret*; oir bha a’ chlach cho cumhachdach: *because the stone was so powerful*; dh’fhaodadh e sgrios a dhèanamh air a nàimhdean, agus cha bhiodh fios aca gun robh e ann: *he could do damage to his enemies, and they wouldn’t know he was there*; am fear a chleachdas i airson droch-dhiol no ainneart, bidh e a’ fulang gu dubh: *the man who uses it for abuse or violence, he’ll suffer badly*; dh’fhalbh Iain a-null a Dhùn Neachdain: *John went over to Dunachton*; nuair a chaidh e a-steach a dh’ubhal-ghort ri taobh a’ chaisteil: *when he entered an orchard next to the castle*; bha na coin a’ gabhail dragh oir bha iad a’ faighinn fàileadh de shrainnsear: *the dogs were upset because they were getting the smell of a stranger*; air cùl craoibhe: *behind a tree*; cha robh fios aice gun robh e air a bhith do-fhaicsinneach mionaid roimhe: *she didn’t know that he had been invisible a minute before*; tha m’ athair air dearbhadh gun dìon e thu ma thig thu a dh’fhuireach againn: *my father has certified that he will protect you if you come to stay with us*; a’ libhrigeadh litir dhomh: *delivering me a letter*; chan e m’ antaidh a dh’òrdaich a bhàs: *it isn’t my aunt that ordered his death*.

**Puing-chànain na Litreach:** Chan fhaodar a’ chlach a chur gu feum le droch rùn: *the stone must not be used with evil intent*. Chan fhaodar (or the positive faodar) is an example of a future passive verbal form. Chan fhaodar smocadh ann an taighean-seinnse ann an Alba ‘*smoking is not permitted in pubs in Scotland*’.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Bha i cho sona ris an rìgh a leannan fhaicinn: *she was as happy as the king to see her sweetheart*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA